

Litreachas is bàrdachd agus an Leum gu Sgrìobhadh Cruthachail

Amasan:

- Toirt sùil air na diofar dhòighean gus bàrdachd agus litreachas a chleachdadh sa chlas tro bhith a' taisbeanadh cuid de na stuthan on leabhar bàrdachd Cearcall a' Chruinne-cè (ri thighinn)
- Sealltainn agus mìneachadh diofar dhòighean air sgrìobhadh cruthachail sgoilearan bun-sgoile a thoirt air adhart
- Obair-buidhne le cothrom rannsachadh mar a ghabhas grunn phìosan bàrdachd a chleachdadh anns a' chlas agus air sgrìobhadh cruthachail

Neach-libhrigidh:

Anna Latharna NicIlliosa

Aithisg:

Mhìnich an neach-labhairt na bha i an dòchas coileanadh san t-seisean:

In developing my literacy skills:

- coimhead air builean a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais airson sealltainn cho cudromach, iomchaidh agus feumail 's a tha bàrdachd anns a' chlas. Bha i am beachd nàdar de gheama 'bingo' a chleachdadh airson seo a dheanamh
- coimhead air dòighean air bàrdachd a 'theagasg', gu sònraichte a thaobh bun-phrionnsapail, me a bhith ga leughadh a-mach
- coimhead air prìomh eileamaidean 'ceaird an sgrìobhaiche' agus mar a tha iad seo a' buntainn ris a' Ghàidhlig
- haiku a sgrìobhadh ann an buidhnean

Mhìnich an neach-labhairt gu bheil bàrdachd na innleachd chumhachdach san t-seòmar-teagaisg. Mhìnich i gur e beachd-smuain agus cruth a dh'fheumar airson bàrdachd a sgrìobhadh agus chaidh coimhead ri grunn eisimpleirean, nam measg:

'Can gu robh adhaircean oirnn' le Fearghas MacFhionnlaigh

'Aodainn' le Maoilios Caimbeul

'Tuireadh Louie' le Tormod Caimbeul

'Betty Bheag a' crònan' le Tormod Caimbeul

Chaidh mothachadh gu bheil tòrr den bhàrdachd seo a' ceangal ri teagasg ann an raointean eile den Churraicealam ach gu bheil iad a' tabhann cothrom teagasg a libhrigeadh ann an dòigh bhlàth agus cruthachail.

Chaidh coimhead ri brìgh agus stoidhle agus chaidh an uair sin seo a cheangail ri bileag mu cheaird a' bhàird. Fhuair an luchd-teagaisg cothrom coimhead ris a' bhàrdachd a-rithist gus feartan stoidhle a nochdadh.

Mu dheireadh sgrìobh gach buidheann haikus le bhith a' sgrìobhadh loidhnichean an urra agus an uair sin gan deasachadh agus gan atharrachadh airson bàrdachd a dhèanamh. Chaidh bruidhinn air na cothroman a tha seo a' toirt do luchd-teagaisg fèin-measadh agus measadh co-aoise a bhrosnachadh sa chlas.

Chaidh bruidhinn air dòighean air bàrdachd a bhrosnachadh agus smaoinich an luchd-compàirt air na leanas:

Dealbhan teaghlaich (me dealbhan cogaidh)

Duilleagan, slighean msaa

Clàraidhean-fuaim, me gaoth

Chaidh a ràdh gum feumar smaointinn air na ceudfàthan gu lèir – fàileadh, blas, lèirsinn, claisneachd agus beantainn.

Stuthan:

Dreachd de chruinneachadh bàrdachd ri thighinn bho Stòrlann (ann an riochd .pdf)

Bàrdachd agus ACE (ann an riochd .pdf) - an geama 'bingo'

Notaichean air ceaird a' bhàird (ann an riochd .pdf)

Roghain de bhàrdachd mar eisimpleirean (ann an riochd .pdf)

Haikus (ann an riochd .pdf) - eisimpleirean